

Comhairle airson còmhradh air-loidhne

- Post-d
- Geamannan
- Meadhanan Sòisealta
 - Bi laghach
 - A' còmhradh

**Ged nach eil thu a' faicinn
cuideigin, dh'fhaodadh na rudan a
sgrìobhas tu a chur troimh-a-chèile.**



Post-d

Faighnich an-còmhnaidh do dh'inbheach mus fosgail thu post-d sam bith.

Dubh às puist-d bho dhaoine nach aithne dhut. Dh'fhaodadh iad a bhith mosach agus bhìoras annta a bhriseadh do choimpiutair.

Na cuir dealbhan gu daoine nach aithne dhut. Chan eil fios agad cò dha-rìribh a th' agad.

Na inns do sheòladh, d' ainm no ainm na sgoile agad do dhuine sam bith nach aithne dhut san t-saoghal cheart.

Feuch gum bi thu laghach ri daoine. Bu chòir dhut dèiligeadh ri daoine mar a dh'iarradh tu fhèin gus nach cuir thu duine troimh-a-chèile.



Geamannan

Faighnich an-còmhnaidh do dh'inbheach mus cluich thu geamannan air an Eadar-lìon.

Cleachd far-ainm seach d' ainm ceart nuair a tha thu a' cluich gheamannan air-loidhne.

Na inns do sheòladh, d' ainm no ainm na sgoile agad do dhuine sam bith nach aithne dhut san t-saoghal cheart.

Feuch gum bi thu laghach ri daoine. Bu chòir dhut dèiligeadh ri daoine mar a dh'iarradh tu fhèin gus nach cuir thu duine troimh-a-chèile.



Meadhanan Sòisealta

Faighnich an-còmhnaidh do dh'inbheach mus cleachd thu làraich mar Facebook, Instagram no Snapchat.

Faodaidh inbheach do chuideachadh gus co-dhùnadh a bheil an làrach air a bheil thu ag iarraidh a dhol sàbhailte dhut fhèin agus dhad charaidean.

Ma tha thu an lùib fear de na làraich sin, iarr cuideachadh air inbheach gus a dhèanamh sàbhailte. Faodaidh iad do chuideachadh gus nach bi thu a' co-roinn fiosrachadh pearsanta no cus dhealbhan.



Bi laghach

Bidh daoine bhon t-saoghal cheart a' cleachdadh an Eadar-lin – tha cuid dhiubh laghach ach tha cuid dhiubh mosach.

Feuch gum bi thu laghach, còir ri daoine. Bu chòir dhut dèiligeadh ri daoine mar a dh'iarradh tu fhèin gus nach cuir thu duine troimh-a-chèile.

Ma tha duine sam bith mosach riut no gad dhèanamh mì-thoilichte, feumaidh tu innse do dh'inbheach gus gum faod iad do chuideachadh agus stad a chur air an duine a tha mosach riut.



A' còmhradh

Faighnich an-còmhnaidh do dh'inbheach am faod thu bruidhinn ri daoine air an Eadar-lìon.

Iarr cuideachadh air inbheach ma tha thu a' tòiseachadh a' bruidhinn ri daoine ùra air an Eadar-lìon.

Cleachd far-ainm an àite d' ainm cheart nuair a tha thu ann an rùm còmhraidh no air seirbheis teachdaire.

Na inns do sheòladh, d' ainm no ainm na sgoile agad do dhuine sam bith nach aithne dhut san t-saoghal cheart.

Na coinnich uair sam bith ri cuideigin ris an do thachair thu air-loidhne. Tha cuid de dhaoine air an Eadar-lìon a' cleith cò dha-rìribh a th' annta.

